SLIGHE NAN CREAG

Gabh turas tro Pàirc-gheòlais Iar-Thuath na Gàidhealtachd. Faighibh a-mach mu na creagan iongantach agus gach sealladh-tìre a bhuineas don sgìre seo air Slighe nan Creag.

Aig gach àite air a' mhapa gheibh sibh seallaidhean air leth agus panailean a tha ag innse mu na sgeulachdan annasach a tha air chùl nan seallaidhean do-chreidsinn. Dèanaibh feum den bhileig seo airson cuideachadh ur rathad fhaighinn timcheall.

Dh'fhaodadh sibh eadhon feum a dhèanamh de bhaidhsagal airson pàirt dhen t-slighe - cha mhair an ola a tha sinn a' faotainn bho na creagan gu siorraidh!

THE ROCK ROUTE

Take a journey through the North West Highlands Geopark. Find out about the amazing rocks and landscapes of this area along the Rock Route.

At the places on the map you'll find great views and panels explaining the extraordinary stories behind the stunning scenery. Use this leaflet to help you find your way around.

You could even try cycling some of the route – after all, the oil we get from the rocks won't last forever!

Mu dheidhinn Pàirc-gheòlais iar-Thuath na Gàidhealtachd

Chaidh an sgìre seo ainmeachadh mar Pàirc-gheòlais airson a cuid shealladh-tìre le beanntan eireachdail, tràighean gainmheil, glan, tuineachaidhean aosmhor agus coimhearsnachdan soirbheachail - uile air an aonachadh le àm geòlais a dh'fhalbh a bha àraid agus buaireasach. Agus a bharrachd, tha an sgeul mhìorbhaileach sgrìobhte gu litireil anns an t-sealladh-thìre airson a rannsachadh.

Bidh an sgìre seo a' chiad Pàirc-gheòlais ann an Alba, 's tha sinn toilichte a bhith nar pàirt de mhòran làrach san Roinn Eòrpa a chaidh a thaghadh gu sònraichte airson an geòlais air leth, ach cuideachd airson airceòlas, eigeòlas agus comharraidhean culturach bhrìgheil. Airson tuilleadh fiosrachaidh tadhail air www.northwest-highlands-geopark.org.uk

About the North West Highlands Geopark

This area has been awarded Geopark status for its stunning mountain landscapes, clean sandy beaches, ancient settlements and thriving communities – all united by a unique and turbulent geological past. What's more, this extraordinary story is literally written in the landscape and just waiting for you to unravel it.

This area was Scotland's first Geopark, and we're proud to be part of a host of European sites selected primarily for their outstanding geology but also for their significant archaeological, ecological and cultural features. To find out more, visit www.northwest-highlands-geopark.org.uk.

1 Ullapul Seallaibh a-mach tarsainn an loch agus lorgaibh na làraichean a chaidh fhàgail le togail bheanntan, èigheanaich agus atharraichean ann an co-àirde na mara.

Ullapool Look out over the loch and trace the marks left by mountain building, glaciers and changes in sea levels.

OS Grid: NH 130940

2 Srath Chanàird Aig aon àm ghluais brat-deigh fuathasach mòr, mar abhainn, tarsainn an talamh seo, a' snaigheadh nam beanntan a tha mud choinneamh. Aon latha tillidh na h-èigheanaich!

Strathcanaird An immense sheet of ice once flowed like a river over this land, carving the mountains before you. One day the glaciers will return!

OS Grid: NC 157035

3 Stac Pollaidh Beinn a tha an aimsir a' bleith beag air bheag - gabhaibh sòlas aiste mus tèid i a-mach à sealladh.

Stac Pollaidh A mountain that the weather is gradually wearing down – enjoy it before it disappears!

OS Grid: NC 108095

4 Ailbhinn Tha gach seòrsa creag a' fàgail a comharradh fhèin air an dealbh-tìre. Lorgaibh na comharraidhean agus seallaibh air an son ann an àiteachan eile a tha timcheall.

Elphin Different rock types leave their own unique 'signature' on the landscape. Discover the tell-tale signs and look for them elsewhere around the area.

OS Grid: NC 212106

5 Uamhan nan Cnàmhan Gabhaibh sgrìob gu Uamhan nan Cnàmhan agus faicibh far an do lorg talamh-eòlaichean duslach nam 'beathaichean caillte'. Aig aon àm bha mathain, madaidhean-allaidh agus fèidh-Lochlannach a' dol air fàrsan an seo.

Bone Caves Take a hike to the Bone Caves and see where geologists found the remains of some of Scotland's 'lost animals'. Bears, wolves and reindeer once roamed here.

OS Grid: NC 253179

6 Sròn-Chrubaidh Tha na neartan a chruthaich an dealbh-tìre seo fhathast ag obrachadh. Seallaibh airson dearbhadh den bhleith-thalmhainn a chaidh adhbharachadh le èigheanaich-shiubhail agus uisge, tarsainn iomadh mìle bliadhna.

Stronchrubie The forces that shaped this landscape are still at work. Look for evidence of the erosion caused by glaciers and water over many thousands of years.

OS Grid: NC 248200

7 Taigh-òsta Innis nan Damh Dh'fhuirich talamh-eòlaichean a bha ainmeil air feadh an t-saoghail san taigh-òsta seo nuair bha iad a' rannsachadh nam beanntan, a' feuchainn ri tuigsinn ciamar a chaidh an cruthachadh. Seasaibh far an do sheas iadsan!

Inchnadamph Hotel World-famous geologists stayed at this hotel as they explored the mountains, trying to understand how they were formed. Stand where they stood!

OS Grid: NC 252216

8 Loch Asainte Coinnichibh ri feadhainn dhe na creagan as sine air an t-saoghal agus faighibh a-mach mar a chaillear, tro àm, na dealbhan-tìre a chruthaich iad.

Loch Assynt Meet some of the oldest rocks on the planet and discover how the landscape they formed was lost through time.

OS Grid: NC 201261

9 Unabol Tha beanntan tarsainn an loch a' giùlan chomharraidhean bho dhà phutadh chianail nuair a ghluais an Talamh ann an dòigh mhòr. Dèanaibh moladh air an t-sealladh agus faicibh an gluais e sibhse!

Unapool The mountains across the loch carry the scars of two major thrust planes, where the Earth moved in a big way. Admire the view and see if it moves for you!

OS Grid: NC 235321

10 Caol Stròma Gabhaibh tlachd às an t-sealladh a tha tarsainn bheanntan Asainte, lorgaibh an sgeul a tha air cùl an cuid ainmean agus faicibh a-mach mar a chuidich iad sinne a dhol a thuigsinn ar Planaid.

Kylestrome Enjoy a stunning view over the mountains of Assynt, discover the story behind their names and find out how they helped us understand our planet.

OS Grid: NC 211350

11 Lusard Gabhaibh sòlas bho shlis tro thìde a tha a' nochdadh cumaidhean iongantach agus dathan is àbhaist a bhith nan laighe am falach fo ar casan.

Laxford Admire a slice through time, as revealed in the strange patterns and colours that usually lie hidden beneath your feet.

OS Grid: NC 233486

12 Ruighe-chòinnich Cumaibh sùil airson bulbhagan-chloiche a th' air an fhàire. Thog brat-deigh iad sin bho chionn mu 20,000 bliadhna air ais agus ghluaisear iad iomadh mìle mun deachaidh an cur sìos a-rithist.

Rhiconich Look for the boulders on the skyline. An ice sheet lifted these some 20,000 years ago and moved them many miles before setting them down again.

OS Grid: NC 246503

13 Caol Dhiùranais Ionnsaichibh mu na h-èigheanaich-shiubhail! Coimhidibh le urram air an cuid neart ann am bristeadh nan gleann às a chèile agus a' cur sìos a' ghainmheach agus a' ghreibheal a tha nise nan leacan puill agus tràighean mìorbhaileach mun cuairt Dhiùranais.

Kyle of Durness Get to grips with glaciers! Gaze in awe at their force in gouging out the valleys then depositing the sand and gravels that now form the spectacular mud flats, beaches and dunes around Durness.

OS Grid: NC 384656

14 Loch Earabol Ionnsaichibh mun chonnspaid Bhictorianach a tha air a phutadh mud choinneamh - agus faighibh a-mach carson a tha am feur dha-rìribh nas ghuirme air an taobh eile!

Loch Eriboll Discover the great Victorian controversy that is literally thrust before you – and find out why the grass really is greener on the other side!

OS Grid: NC 452599



SLIGHE NAN CREAG, IAR-THUATH NA GÀIDHEALTACHD

Tha iar-tuath na Gàidhealtachd a' nochdadh dhuinn aon dhe na dealbhan-tìre as sine 's as annasaich a th' ann san Roinn Eòrpa. An seo gheibh sibh seallaidhean air leth corrach, far bheil na creagan ag innse mu chuantan aosda, fàsaichean, beanntan-teine agus bratan-deighe.

Faighibh a-mach mu na creagan iongantach agus dealbhan-tìre na sgìre seo air Slighe nan Creag. Far am bi sibh a' stad chì sibh seallaidhean àlainn agus tuilleadh nithean mu sgeul na Talmhainn. Tha mapa dhen slighe anns a' bhileig seo.

NORTH WEST HIGHLANDS ROCK ROUTE

The far North West of Scotland presents one of the most ancient and unique landscapes in Europe. Here you'll find wonderfully rugged scenery, where the rocks tell of ancient oceans, deserts, volcanoes and ice sheets.

Find out about the amazing rocks and landscapes of this area on the Rock Route. At the stopping places you'll come across great views and more about the story of the Earth. There's a map of the route in this leaflet.

DUALCHAS NÀDAIR NA H-ALBA, TÈARMANN NÀDAIR NÀISEANTA, CREAG A' CHNOCAIN

Carson nach tòisich sibh bhur turas geòlais aig Creag a' Chnocain?
Tha sgeulachdan iongantach a tha air an stòradh ann an creagan na sgìre seo a' tighinn beò aig Creag a' Chnocain. Tha e na tharraing do luchd-tadhail agus 's urrainn dhuinn gealltainn gum faigh sibh eòlas gluasad-Thalamhainn!

KNOCKAN CRAG NATIONAL NATURE RESERVE SCOTTISH NATURAL HERITAGE

Why not start your geological journey at Knockan Crag? The amazing stories stored in the area's rocks come to life at Knockan Crag – a visitor attraction where we guarantee you an Earth-moving experience!

EALAIN NAN CREAG

Gabhaibh sràid timcheall Chnocain 's thig sibh tarsainn air ealain nan creag agus bàrdachd, 's iad stèidhte sa chloich. Còmhla tha iad a' toirt dhuinn seallaidh eile dhen àite annasach seo.

ROCK ART

Ramble around Knockan and you'll come across rock art and poetry set in stone. Together they provide a different way of looking at this special place.

Thig gu Creag a' Chnocain agus faigh a-mach mun Phlanaid

Come to Knockan Crag and Discover the Planet!

LORGAN NAN CREAG

Dèanaibh tagradh bho na tì lorgan aig Cnocan, a tha a' cur mud chloinneamh seallaidhean dràmadach tarsainn bheannta is lochan agus cothrom sibh fhèin a thoirt air ais 500 millean bliadhna le làmhan lom!

ROCK TRAILS

Take your pick from three waymarked trails at Knockan, which provide dramatic views over the mountains and lochs and the chance to bridge 500 million years with your bare hands!

MU CHREAG A' CHNOCAIN SEÒMAR NAN CREAG

Thigibh agus rannsaichibh Seòmar nan Creag, àite àrsaidh luchd-tadhail, fosgailte air oon taobh le sgàrth bheò mar mhullach, 'sa' neadachadh a-steach don chnocan. Bhon seo gheibh sibh seallaidhean do-chreidsinn, bòrd deiseil airson rannsachadh, tuisbeanaidhean 'son an rothaigeadh agus compiutair le sgàthan suathaidh, a' toirt dhuibh deagh mhòr dhen tìr tha mun cuairt.

ABOUT KNOCKAN CRAG ROCK ROOM

Come and explore the Rock Room, a unique open-sided visitor point complete with living turf roof, which nestles into the Knockan hillside. Here you'll find stunning views, hands-on discovery table, wind-up displays and a touch screen computer, giving you the big picture on the surrounding landscape.

MAR GHEIBH SIBH LORG AIR CREAG A' CHNOCAIN
Tha Creag a' Chnocain 13 mìltean (21 km) tuath air Ullapul air an A835. Tha an làrach fosgailte fad na bliadhna. Tha slighean ann airson measgachadh de chomasan, taisbeanadh taitneach, pàirc charbad agus taighean-beaga.

An robh fios agaibh? Thàinig an t-ainm Beurla Knockan Crag bhon Ghàidhlig bho thùs.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Dualchas Nàdair na h-Alba aig 17 Sràid Pholtanaidh, Ullapul, fòn: 01854 613 418, www.snh.gov.uk no thèid gu làrach-lìn tèarmainn nàdair nàiseanta na h-Alba aig www.nnr-scotland.org.uk

HOW TO FIND KNOCKAN CRAG
Knockan Crag lies 13 miles (21 km) north of Ullapool on the A835. The site is open all year. There are trails for different abilities, a fascinating exhibition, a car park and toilets.

Did you know? The site's original Gaelic name is Creag a' Chnocain, meaning 'crag of the hillock'.

For more information, contact Scottish Natural Heritage at 17 Pulteney Street, Ullapool, tel: 01854 613 418, www.snh.gov.uk or visit Scotland's National Nature Reserve website at www.nnr-scotland.org.uk





Scotland's National Nature Reserves

North West Highlands GEOPARK

LEADER

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

The European Agricultural Fund for Rural Development: Europe investing in rural areas

Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
All of nature for all of Scotland
Nàdar air fad airson Alba air fad

North West Highlands

ROCK ROUTE

SLIGHE NAN CREAG

Iar-Thuath na Gàidhealtachd